

Dr Samuel Maclain agus foillseachadh Bhìoball Gàidhlig

Chomharraich Dr Samuel Maclain gun robh an **SSPCK**

a' cur stad air **tionndadh**


Gàidhlig den Bhìoball a bhith

ga foillseachadh.

Ann an 1776 thug e **ionnsaigh**

air poileasaidh an SSPCK

a thaobh nan Gàidheal:




'...chan eil air fhàgail ach an cànan aca agus a' bhochdainn aca. Tha an cànan fo ionnsaigh air gach taobh. Tha sgoiltean air an togail nach eil a' teagasg ach Beurla, agus o chionn ghoirid, shaoil cuid gun robh e reusanta tionndadh den Bhìoball a dhiùltadh dhaibh, gus nach biodh cuimhneachan aca air a' chànan mhàthaireil aca.'

Mar fhreagairt do na thuirt Maclain, cho-dhùin an Comann gum faigheadh iad **tionndadh** Gàidhlig air a' Bhìoball. Nochd **Tiomnadh Nuadh** Gàidhlig an SSPCK air an ath bhliadhna, ann an 1767. Bha an teacsa Gàidhlig agus an teacsa Beurla air duilleagan mu choinneamh a chèile.

Dh'obraich seo na b' fheàrr leis gun deach am meadhan teagaisg ann an sgoiltean na Gàidhealtachd atharrachadh bho Bheurla gu Gàidhlig.

Bho 1767, cheadaich sgoiltean SSPCK Gàidhlig mar mheadhan teagaisg sna sgoiltean aca air Ghàidhealtachd (ged a lean sgoiltean paraiste a' teagasg tron Bheurla a-mhàin).

Thigeadh am Bìoball Gàidhlig an uair sin ann an 1801.



An Tiomnadh Nuadh Gàidhlig

SSPCK
www.storlann.co.uk/gaidhlig-alba

